



Teisteanais  
Nàiseanta  
2021 GOIREAS MEASaidH

**X872/75/11**

**Eachdraidh**

Ùine — 2 uair agus 20 mionaid

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 29 comharran**

Feuch phàirt E.

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharran**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran**

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 8 7 2 7 5 1 1 \*

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA**

**PÀIRTEAN**

E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

*duilleagan 04–05*

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN**

**PÀIRTEAN**

C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

*duilleagan 06–07*

D. Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

*duilleagan 08–09*

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN ÈORPA AGUS AN SAOGHAL**

**PÀIRTEAN**

C. Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

*duilleagan 10–11*

D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

*duilleagan 12–14*

G. Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra ann an SAA, 1918–1968

*duilleagan 15–16*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

## ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 29 comharran

## Pàirt E — Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

21. Thoir cunntas air na dòighean a chaidh a chleachdadh airson saighdearan Albannach a thrusadh dhan Chiad Chogadh Mhòr.

4

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air beatha shaighdearan Albannach anns na trainnsichean.

**Stòr A**

Bhon a dh'fhàillig Plana Schlieffen, chaidh siostam thrainnsichean a thogail air an Aghaidh an Iar. Mar thoradh air an sin, dh'atharraich an cogadh gu mòr dha na feachdan Albannach. Bha cunnart a' bhàis a' cumail nan saighdearan fo uallach. Bha suidheachadh truagh agus dìth a' chadail a' caitheamh slàinte agus neart nam fear. Bha sligean gun dùil riutha, bomaichean mortair a bha a' cur an talaimh às a chèile agus snaidhpearan a' losgadh urchraichean marbhtach a' toirt faochadh bho dhòrainneachd nan trainnsichean. Bha an nàmhaid am falach orra, agus bha saighdearan a' faireachdainn nach robh cumhachd aca fa chomhair bàs obann.

22. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air suidheachadh shaighdearan Albannach anns na trainnsichean?

6

(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

Tha **Stòran B** agus **C** mu raiseanadh ann an Alba aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir.

### Stòr B

Chaidh raiseanadh èigneachail a thoirt a-steach, ceum air cheum, eadar an Dùbhlachd 1917 agus an Giblean 1918. Fhuair daoine cairtean raiseanaidh agus bha aig a h-uile duine ri clàradh aig bùidsear agus grosair ionadail. B' e siùcar fear dhen chiad nithean a chaidh a raiseanadh sa Ghearran 1918. Ach ro dheireadh a' Ghiblein, chaidh feòil, ìm, càise agus margarain a chur ris an liosta cuideachd. Rinn raiseanadh feum do shlàinte dhaoine san rìoghachd oir bha iad ag ithe beagan nas lugha de chalaraidhean na bha iad roimhe.

### Stòr C

Thòisich daoine a' gabhail eagal nach biodh biadh gu leòr san rìoghachd. Chaidh daoine nam boil a' ceannach, agus dh'fhàs rudan gann. Sa Ghearran 1918, b' e siùcar fear dhen chiad nithean a chuir Ministreachd a' Bhìdh romhpa airson a raiseanadh. Às dèidh sin chaidh feòil bhon bhùidsear agus bathar bainne a raiseanadh. B' e an t-adhbhar a bh' air cùl raiseanadh bìdh gum biodh stuth gu leòr ann, agus cha b' e toirt air daoine nas lugha ithe. Dh'fhàg seo gun robh muinntir Alba fallain oir cha mhòr nach robh iad a' gabhail an aon uiread de chalaraidhean 's a bha iad ron chogadh.

23. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mu raiseanadh ann an Alba aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir. 4  
(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)
24. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh crìonadh ann an gnìomhachas trom ann an Alba an dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir. 6
25. Dè an ìre gum b' e dòighean sìtheil nan Suffragists ann an Alba am prìomh adhbhar gun deach còir bhòtaidh a leudachadh ann an 1918? 9  
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air *duilleag 06*]

## ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharran

## Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Feuch na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** à leabhar-latha a sgrìobh neach a thadhail air factaraidh thràillean ann an Afraga ann an 1801.

**Stòr A**

Bha mòran threubhan ann an Afraga a bhiodh a' glacadh dhaoine airson malairt eadar-nàiseanta nan tràillean. B' e raon mòr, air a dhìon le feansa àrd le goban biorach air a' mhullach, a bha sa chiad fhactaraidh thràillean air an do thadhail mi. Fo chuid dhe na craobhan, bha na poitean mòra, mòra anns am biodh pònair agus rus gam bruich dha na tràillean. Bha mi air mòran dhe na tràillean fhaicinn roimhe air mo chuairt. Bha cuid dhiubh le uabhas mu na bha air thoiseach orra oir bha iad dhen bheachd gum biodh Eòrpaich a' ceannach Afraganaich agus gan ithe.

34. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air factaraidhean thràillean ann an Afraga. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
35. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh malairt nan tràillean san Atlantaig cho cudromach do eaconamaidh Bhreatainn. 6

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air suidheachadh beatha agus suidheachadh obrach nan tràillean air na planntachasan.

### Stòr B

Chaidh mu 12 millean Afraganach a thoirt dhan Charibbean a dh'obair air na planntachasan. Bha aig tràillean ri bhith ag obair 12 uair gach latha, agus gu math a bharrachd 's dòcha aig àm an fhoghair. Mura biodh tràillean ag obair cruaidh gu leòr, bhiodh na ceannardan gan cuipeadh. Bha na h-uairean-obrach fhada sin doirbh do mhòran dhe na tràillean. B' e droch bhiadh saor a bha iad a' faighinn, agus b' ann glè ainneamh a bhiodh feòil aca. Glè thric, bheireadh na ceannardan air na tràillean am bothain fhèin a thogail.

36. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air suidheachadh beatha agus suidheachadh obrach nan tràillean air na planntachasan? 6  
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)
37. Dè cho cudromach 's a bha cùisean eaconamach leis mar a shoirbhich air a' cheann thall leis an iomairt airson cur às do thràilleachd? 9  
(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

## ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharran

## Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** mun droch thaigheadas a bha ann am mòr-bhailtean Bhreatainn tràth san naoideamh linn deug.

## Stòr A

Bha daoine air an tàladh do na bailtean oir bha iad an dòchas gum faigheadh iad cosnadh cunbhalach agus tuarastal na b' fheàrr. Bha an luchd-obrach a' fuireach ann an sreathan de thaighean san robh cus dhaoine agus a bha glè thric air an togail cùl-ri-cùl. Bha seo airson cosgaisean togail a chumail sìos. Glè thric, b' e luchd-seilbh nam factaraidhean a bha a' cur suas nan taighean. Bha iad faisg air na muilnean, agus mar sin bha iad faisg air air a' cheò agus air an toit a bha a' dòrtadh à similearan nam factaraidhean. Glè thric, cha robh uisge-pìoba anns na taighean agus bha sin a' dèanamh beatha dhaoine doirbh. Bhiodh grunn theaghlaichean a' cleachdadh aon taigh-beag.

38. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air an droch thaigheadas a bh' ann am mòr-bhailtean Bhreatainn tràth san naoidheamh linn deug?  
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

6

Tha **Stòr B** bho Achd nam Factaraidhean a chaidh a stèidheachadh leis an Riaghaltas ann an 1833.

## Stòr B

Tha e cudromach gum bi smachd ga chumail air uairean obrach chloinne 's òigridh a tha ag obair anns na factaraidhean, oir tha àireamh mhòr chloinne a-nis ag obair ann am factaraidhean. Cha bhi duine fo aois 18 ag obair barrachd air 12 uair a thìde san latha. Bidh e mì-laghail clann nas òige na 9 a bhith air am fastadh ann am factaraidh. Bidh cumhachd aig an Luchd-sgrùdaidh dèanamh cinnteach gum feum clann a tha ag obair ann am factaraidhean a dhol dhan sgoil.

39. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air mar a chaidh cor obrach a leasachadh anns an naoidheamh linn deug.  
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

5



40. Dè an ìre gum b' e atharrachaidhean sòisealta a' bhuidh bu mhotha a bha aig an rèile ann am Breatainn?

9

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

41. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh daoine gu mòr ag iarraidh ath-leasachadh deamocratach ro 1832.

6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air *duilleag 10*]

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

56. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh beatha dhoirbh aig an luchd-seilbh a rinn an dachaigh san Iar.

6

Tha **Stòr A** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraiche bhon latha an-diugh ann an 2010.

## Stòr A

Bha a' mhòr-chuid de na planntachasan ri taobh Abhainn Mississippi ann an Carolina a Deas, Alabama agus Virginia. Bha cuid de luchd-seilbh nan tràillean a' brosnachadh 'pòsadh' chionn bha iad a' smaoineachadh gum biodh na tràillean aca nas stèidheile. Ach bha a' mhòr-chuid de thràillean a' fuireach ann an ceabanan le aon rùm a bha fuar anns a' gheamhradh agus teth anns an t-samhradh. Bha galar a' sgaoileadh gu luath anns na suidheachaidhean sin. Bha an aon seòrsa suidheachaidh aig a' mhòr-chuid de thràillean a bha a' fuireach sa cheann a Deas ro Chogadh Catharra Ameireaga.

57. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air beatha nan tràillean air na planntachasan a Deas.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** a' mìneachadh nan adhbharan a bha am Freedmen's Bureau air a mheas soirbheachail.

## Stòr B

Chaidh am Freedmen's Bureau a stèidheachadh ann an 1865 leis a' Mhòr-dhail airson cuideachadh a thoirt do na milleanan de dhaoine dubha, a chleachd a bhith nan tràillean, agus do dhaoine bochda geala, às dèidh a' Chogaidh Chatharra. Chaidh aig a' Freedmen's Bureau air ospadail a thogail sa cheann a Deas. Thog iad cuideachd sgoiltean don fheadhainn a chleachd a bhith nan tràillean airson gum faigheadh iad foghlam. Thug iad cuideachd taic do na daoine a bha air a bhith nan tràillean le bhith a' rèiteachadh eas-aonta eadar iad fhèin agus an luchd-fastaidh. Fhuair am Bureau moladh cuideachd airson obair a dhèanamh a' toirt dhaoine a chleachd a bhith nan tràillean, agus na teaghlaichean aca, còmhla nuair a bha an cogadh seachad.

58. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' mìneachadh nan adhbharan a bha am Freedmen's Bureau air a mheas soirbheachail?

6

(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

Tha **Stòran C** agus **D** mu threubhan Tùsanach Ameireaga a' gluasad gu na tèarmainn thùsanach.

### Stòr C

Bha na Daoine Geala an-còmhnaidh a' briseadh nan geallaidhean aca. Thuirt iad rinn nan leigeamaid seachad an dòigh-beatha againn, agus nan gluaiseamaid gu na tèarmainn, gum biodh gu leòr againn airson a bhith beò. Cha robh biadh gu leòr ann uair sam bith. Gheall iad cuideachd cùram meidigeach, ach cha robh sin ann. Bhàsaich mòran againn anns na tèarmainn leis an acras agus le galaran. Ach bha na Daoine Geala coma. Bha iad dìreach ag iarraidh an rèile a thogail.

### Stòr D

B' fheudar do Thùsanaich Ameireaga gluasad gu na tèarmainn airson a bhith beò. Cha bhiodh iad air a bhith beò mura b' e an cùram meidigeach a bha ri fhaighinn bho dhotairean anns na tèarmainn. Cuideachd, bha fearann àiteachais aca anns na tèarmainn agus b' urrainn do na Tùsanaich biadh gu leòr fhàs. Rinn na h-aidseantan geala an dìcheall coimhead às dèidh nan Tùsanach. Tha e ceàrr a ràdh gun do bhàsaich mòran de na Tùsanaich anns na tèarmainn.

59. Dèan coimeas eadar na beachdan ann an **Stòran C** agus **D** mu na treubhan Tùsanach ann an Ameireaga a bhith a' gluasad gu na tèarmainn. 4  
(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)
60. Thoir cunntas air na thachair ann am Murt Sand Creek ann an 1864. 4

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho leabhar-sgoile a sgrìobh neach-eachdraidh bhon latha an-diugh ann an 1999.

**Stòr A**

Taobh a-muigh an Talla Leanna chaidh urchair a losgadh, agus anns a' bhad, chaidh iomadh urchair a losgadh air an dà thaobh. Mar bu trice bhiodh mòran dhaoine a' frithealadh coinneamhan Hitler oir bha na sgilean labhairt poblach aige fìor mhath. Chaidh tuilleadh urchraichean a losgadh agus chaidh 16 Nadsaidhean agus 3 poilis a mharbhadh, no bha iad a' bàsachadh, air sràidean Mhunch, agus chaidh mòran eile a leòn. Ach ge-tà, gheibheadh am Partaidh Nadsaidheach seachad air agus bheireadh iad dùbhlàn a-rithist dha na h-ùghdarrasan.

61. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na thachair ann am Putsch Talla an Leanna ann an 1923.

5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** a' mìneachadh nan adhbharan airson gun robh na Gearmailtich mì-thoilichte le Poblachd Weimar.

### Stòr B

Bha siostam bhòtaidh Riochdachadh Co-roinneil a bha cothromach agus deamocratach ann am Poblachd Weimar. Ach mura robh daoine eòlach air a bhith a' bhòtadh san dòigh seo, bha e gan cur troimh-a-chèile. Dh'adhbharaich Riochdachadh Co-roinneil co-bhanntachdan, agus bha sin a' ciallachadh nach robh daoine a' faighinn poileasaidhean nam pàrtaidhean a bha iad ag iarraidh oir bha a' chumhachd air a roinn eadar diofar phàrtaidhean. Bha mòran de Ghearmailtich chudromach fhathast dìleas don t-'Seann Ghearmailt' agus cha robh iad a' faicinn carson a rachadh an riaghaltas a chur ann an làmhnan dhaoine nach robh air chomas riaghladh, nam beachd-san. Bha mòran de Ghearmailtich an obair-chlas leis nach bu toigh an siostam ùr a bha a' leigeil leis na clasan bu bheairtiche a' chuid bu mhotha dhen chumhachd a chumail.

- 62.** Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' mìneachadh nan adhbharan airson gun robh na Gearmailtich mì-thoilichte le Poblachd Weimar? **6**  
(Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)
- 63.** Thoir cunntas air na nithean a thachair co-cheangailte ri teine an Reichstag sa Ghearran 1933. **4**
- 64.** Mìnich na h-adhbharan airson nach robh mòran an aghaidh nan Nadsaidhean eadar 1933 agus 1939. **6**

Tha **Stòran C** agus **D** mu phoileasaidhean eaconamach nan Nadsaidhean.

### Stòr C

Ann an 1939 bha an àireamh dhaoine gun obair air a dhol sìos bho 6 millean gu faisg air neoni air sgàth nan sgeamaichean a bha aig na Nadsaidhean airson obair a chruthachadh. Bha luchd-obrach taingeil do Chomann-obrach na Gearmailt airson tuarastal cunbhalach agus tèarainteachd obraichean. Bha e cha mhòr do-dhèante d' obair a chall. Bhiodh luchd-obrach na Gearmailt a' stad tric airson beagan fois agus bha uairean-obrach cunbhalach aca. Bha luchd-obrach toilichte chionn bha barrachd ùine aca airson chur-seachadan na bha aca roimhe fo riaghladh a' Weimar.

### Stòr D

Ann an 1939 bha cion-obrach sa Ghearmailt Nadsaidhich air tighinn a-nuas bhon a chaidh daoine a bha an aghaidh nan Nadsaidhean, lùdhaich agus boireannaich a chur às an dreuchd. Bha luchd-obrach na Gearmailt mì-thoilichte chionn bha na h-uairean-obrach aca na b' fhaide, agus cha robh mòran ùine aca airson chur-seachadan no airson a bhith còmhla rin teaghlaichean. Bha luchd-obrach a' gearan nach robh an tuarastal aca a' dol suas ged a bha cosgais bith-beò a' dol suas. Ach cha deach stailcean idir a chlàradh anns a' Ghearmailt Nadsaidhich.

65. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran C** agus **D** mu phoileasaidhean eaconamach nan Nadsaidhean.

(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt G — Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra ann an SAA, 1918–1968

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

76. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh in-imrich air an tàladh dha na SA.

6

Tha **Stòran A** agus **B** mu shuidheachadh luchd-imrich dhubh Ameireaganach anns na mòr-bhailtean mu Thuath ro 1945.

## Stòr A

Tha sinn beò an seo ann an saorsa, saor bhon ghràin-cinnidh a dh'fhuiling sinn sna stàitean a Deas. Tha agam ri uairean fada obrachadh san fhactaraidh, ach tha tuarastal math agam. Aig deireadh an latha-obrach, tha mi glè thaingeil tilleadh gu mo theaghlach ann an taigh mòr, cofhurtail. Tha dòigh-beatha ùr, mhìorbhaileach a' feitheamh oirbh aig Tuath.

## Stòr B

Cha mhòr nach eil bliadhna bho ghluais sinn bho Dheas. Coltach ri Ameireaganaich dhubha eile a tha a' fuireach an seo, tha mo theaghlach gu lèir ann an aon rùm, fuaraidh. Tha obraichean gu leòr san fhactaraidh a tha faisg oirnn, ach chan eil agam ach dolair san latha de phàigheadh. 'S ann air èiginn a gheibh sin na rudan bunaiteach dhuinn. 'S dòcha nach eil iad gar cuipeadh an seo, ach bidh na h-Ameireaganaich gheala fhathast ag èigheachd 'boy' agus ainmean eile orm.

77. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** mu shuidheachadh luchd-imrich dhubh Ameireaganach anns na mòr-bhailtean aig Tuath ro 1941.

4

(Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr C** à leabhar-sgoile a sgrìobh neach-eachdraidh bhon latha an-diugh ann an 2006.

### Stòr C

Ged a thòisich an Dara Cogadh Mòr ann an 1939, cha tàinig na Stàitean Aonaichte a-steach air a' chogadh gu an dèidh dha na h-Iapanach feachd Ameireaga a bhomadh ann am Pearl Harbour san Dùbhlachd 1941. Bha còrr is 1 mhillean de dh'Ameireaganaich dhubha ann an seirbheis anns na feachdan armaichte rè a' chogaidh. Bha na milleanan de dh'Ameireaganaich dhubha bho Dheas air am brosnachadh gu gluasad dha na mòr-bhailtean aig Tuath bhon a bha obair anns na gnìomhachasan dìon. Aig àm a' chogaidh, bha na mòr-bhailtean làn dhaoine. Mar sin bha Ameireaganaich dhubha is gheala ag obair gu dlùth ri chèile agus dh'adhbharaich sin aimhreit eadar na treubhan.

78. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr C** mar fhianais air suidheachadh nan Ameireaganaich dhubha aig àm an Dara Cogaidh. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
79. Thoir cunntas air an fhianais-dhùbhlain neo-ainneartach a bha ann an Gluasad nan Còraichean Catharra anns na 1950an agus anns na 1960an. 4

Tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan a thòisich aimhreit cinnidh anns na ghettos aig Tuath anns na 1960an.

### Stòr D

Anns na 1960an, thòisich na ceudan aimhreitean cinnidh anns na ghettos aig Tuath. Glè thrì bhiodh aimhreit a' tòiseachadh air sgàth 's gun robh na poilis ri leth-bhreith agus fòirneart an aghaidh Ameireaganaich dhubha. Bha an luchd-aimhreit cuideachd feargach mun droch shuidheachadh taigheadais a bha aca ri fhulang anns a' ghetto. Bha feadhainn air am brosnachadh gu fòirneart leis na Black Panthers. Fhuair Coimisean Kerner a-mach gun robh 40% de dh'Ameireaganaich dhubha ann am bochdainn, agus bha iad a' cumail a-mach gum b' e seo am prìomh adhbhar airson na h-aimhreit chinnidh a bha anns na ghettos aig Tuath.

80. Dè cho slàn 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan airson nan aimhreitean cinnidh a thòisich anns na ghettos aig Tuath anns na 1960an? 6
- (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]